

## Dreuchd Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2”<sup>i</sup>

### 1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg ‘Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2’ a’ cur dleastanas air ùghdarrasan ionadail agus air sgoiltean a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga air fad ag ionnsachadh dà chànan a thuilleadh air an cànan màthaireil. Tha an aithisg ag ràdh,

**“Ged a tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) na phàirt chudromach den t-solair cànan farsaing ann an Alba, chan eil am buidheann-obrach ag amas air a bhith a’ dèiligeadh san Aithisg seo agus sna molaidhean a tha innte ris na feumalachdan a thaobh leasachadh a tha an lùib GME. Thathar air dèiligeadh ris na nithean sin ann an sgrìobhainnean eile leithid *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus san aithisg, *Foghlam Gàidhlig: A’ togail air na nithean soirbheachail, a’ dèiligeadh ris na bacaidhean.*”**

Is e adhbhar na comhairle seo a bhith a’ tarraing ri chèile cuid de mholaidhean na h-aithisg agus comhairle eile leithid, “Foghlam Gàidhlig: A’ togail air na nithean soirbheachail, a’ dèiligeadh ris na bacaidhean” (2) gus taic a thoirt ann a bhith a’ planadh Foghlam Gàidhlig ann am Modh-obrach 1 + 2. Gheibhear tuilleadh comhairle air làrach-lìn Foghlam Alba agus air an làrach aig **SCILT**, Ionad Nàiseanta na h-Alba airson Cànan.

1.2 Tha na foillseachaidhean aig Foghlam Alba, a’ mìneachadh gu bheil trì pàirtean co-cheangailte ann am Foghlam Gàidhlig. Is iad sin

- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (GME)
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) agus
- ag ionnsachadh mu Chànan is Chultar na Gàidhlig (LAGC) mar phàirt de dhearbha-aithne na h-Alba.

Tha dreuchd cudromach aig a h-uile pàirt a tha sin de Fhoghlam Gàidhlig ri chluich ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2”. Tha mòran de dh’ùghdarrasan foghlaim a-cheana a’ tabhann aon de na cùrsaichean Gàidhlig sin mar phàirt den phlanadh reachdail airson Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Mar phàirt den Mhodh-obrach 1+2, bu chòir do dh’ùghdarrasan foghlaim leantainn orra agus planadh a leudachadh airson Modh-obrach 1+2. Ann a bhith a’ dèanamh seo, bidh iad a’ cur ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhith a’ daingneachadh àm ri teachd a bhios seasmhach don chànan.

1.3 Ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2” tha na leanas sgrìobhte:

**“An co-rèir ris a’ chleachdadh Eòrpach tha na teirmean a leanas san aithisg: L1 an uair a thathar a’ bruidhinn mu chànan màthaireil, L2 airson dàrna cànan no a’ chiad cànan eile, L3 airson treas cànan no an dàrna cànan eile”.**

Feumaidh am briathrachas ann am Modh-obrach 1+2 obrachadh gu math le GME gus taic a thoirt do a leasachadh leantainneach. A thaobh cuid den chloinn ann an GME, is i a’ Ghàidhlig a’ chainnt màthaireil aca, L1. Airson cuid eile, is i a’ Bheurla an cànan màthaireil

## Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2

aca L1. Ann an GME, tha e air leth cudromach gu bheil fòcas air a chumail air a bhith a’ leasachadh fileantas sa Ghàidhlig tro bhogadh. Ann am Modh-obrach 1+2, feumar planadh airson trì cànan sa churraicealam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-18 sa chiad dol a-mach agus aig an aon àm a bhith mothachail air prionnsabalan bogaidh. A thaobh na cloinne a tha ann an GME, is i a’ Ghàidhlig a’ chiad chànan a dh’fheumar planadh air a son agus is i seo a’ chiad cànan eile no L2 aig a’ mhòr chuid de chloinn. Is i a’ Bheurla an dàrna cànan a bhithear a’ planadh air a son agus is i seo an cànan màthaireil a tha aig mòran no L1. Ionnsaichidh clann an uair sin treas cànan, no dàrna cànan eile, L3 mar eisimpleir, Frangais. Tha “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2” a’ cleachdadh a’ bhriathrachais a leanas airson cànan:

*“Ann an àiteachan tha an aithisg a’ toirt iomradh air “Nuadh Cànan” oir is e seo am briathrachas a tha air a chleachdadh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) airson cànan a thuilleadh air Beurla. Ann an àiteachan eile, bhithear a’ cleachdadh ‘cànan’ ann an dòigh nas fharsaing, mar eisimpleir an uair a thathar a’ bruidhinn mu chànan na h-Alba fhèin (me A’ Ghàidhlig), cànan ‘coimhearsnachd’ no Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL)”.*

’S an àm a chaidh seachad, tha dìth tuigse cho-roinnte mu bhriathrachas a thaobh GME air ciallachadh gu bheil dì-leantaileachd air a bhith ann a thaobh cur an gnìomh leis a’ bhuil gun robh cus Beurla air a bhith air a cleachdadh aig an ìre bogaidh. Tha am Modh-obrach 1+2 a thaobh ionnsachadh cànan agus modhan-obrach GME a’ cur taic ri bogadh agus ris an òrdugh a tha mar thoradh air sin de dh’ionnsachadh cànan sa churraicealam.

1.4 Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla (EME), cha mhòr nach e a’ Bheurla an cànan màthaireil a tha aig a’ chloinn air fad, no an L1. Tòisichidh clann ann an EME an dàrna cànan no an ciad cànan eile, L2 ann am P1. Ann am P5, tòisichidh iad an dàrna cànan eile, L3. Faodaidh clann ann an EME a’ Ghàidhlig ionnsachadh mar an còir a thaobh cànan mar L2 no L3.

## 2. Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (GME) ann am Modh-obrach 1 + 2

2.1 Tha an aithisg “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2” ag ràdh,

*“Tha am Buidheann-obrach mothachail gu bheil deagh eisimpleir ann an Alba de fhoghlam bogadh cànan le Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (GME). Tha GME an-dràsta ri fhaotainn ann am mu 60 bun-sgoil air feadh Alba. Is e amas GME sgilean de dh’àrd-chàileachd cànan a choileanadh ann an dà chànan agus cuideachd a’ toirt cothrom treas cànan ionnsachadh”.*

2.2 Tha pàrantan a’ taghadh GME airson an cloinne an uair a tha iad airson iad a bhith fileanta sa Ghàidhlig mar thoradh air foghlam 3-18. Tha cuid den chloinn a’ leasachadh am fileantas san dachaigh. Tha mòran chloinne, ged nach eil a h-uile leanabh, a’ tòiseachadh air an eòlas mu GME ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Ann am modh-obrach 1 + 2, feumar planadh airson trì cànan sa churraicealam agus aig an aon àm a bhith mothachail air prionnsabalan bogaidh. An uair a thòisicheas iad ann am P1, leanaidh GME air a bhith air a leasachadh mar phàirt de Mhodh-obrach 1 + 2 agus a’ togail air ro-ionnsachadh na cloinne. **Chan ionnsaich a’ chlann cànan eile aig an ìre seo.** Ann an GME, bidh a’ chlann air am bogadh gu tur sa Ghàidhlig mar a’ chiad chànan a tha air a phlanadh sa churraicealam. Tha na thathar a’ sùileachadh a thaobh bogadh iomlan air an

cur an cèill san aithisg, “*Foghlam Gàidhlig: A’ togail air na nithean soirbheachail, a’ dèiligeadh ris na bacaidhean*”. Tha geàrr-iomradh an cois na h-aithisg.

Canar **bogadh iomlan** ris an ìre thràth de dh’ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Is i a’ Ghàidhlig an cànan a bhithear a’ cleachdadh. Feumar cuideachd a bhith air leth dealasach mu bhith a’ cleachdadh Gàidhlig de dh’àrd chàileachd a-mhàin mar phàirt chudromach de ionnsachadh tràth na cloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. A thaobh seo, tha bogadh air a leasachadh ann an co-theacsa Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) far a bheil cleachdadh iomlan na Gàidhlig air a thoirt air adhart ann an àrainn chùramach agus oideachail. ’S e an t-aon àm nach bithear a’ cleachdadh na Gàidhlig gu h-iomlan an uair a bhithear a’ toirt cofhurtachd do leanabh a tha ann an àmhghar, ann an suidheachadh èiginn no an uair a thathar a’ mìneachadh chùisean co-cheangailte ri slàinte, sàbhailteachd agus sunnd. Do chuid de chloinn, tha an ionnsachadh GME làimh ri làimh ris an t-solar meadhan Beurla. Do chuid eile, is e an co-theacsa sgoil-àraich agus sgoil Meadhan Gàidhlig fa leth. Anns a’ chiad suidheachadh a chaidh ainmeachadh, tha bogadh iomlan na dhùbhlann nas motha taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile ged nach bu chòir seo a bhith a’ cur bacadh air na sgoiltean a bhith a’ strì air a shon. Feumaidh cothrom a bhith aig cloinn air **bogadh iomlan** de dh’àrd-chàileachd ann an GME gu suas gu deireadh P3 no P4 oir mun àm seo bidh an neach-ionnsachaidh air na tràth-ìrean a choileanadh agus bidh cuid air na ciad ìrean den churraicealam **Litearrachd agus Gàidhlig**<sup>iii</sup> a choileanadh. Bidh dearbh fhaid a’ bhogaidh iomlain a rèir sgrùdadh agus tracadh an luchd-teagaisg air adhartas agus coileanadh na cloinne.

2.4 Ann am bogadh iomlan, bidh am fòcas sa chiad dol a-mach gu mòr air èisteachd agus còmhraidh tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh inbhich san t-seòmar-cluiche agus san t-seòmar-clas a’ cleachdadh Gàidhlig de dh’àrd-chàileachd gus àrainn a chruthachadh sa bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh fad na h-ùine. Tha am planadh airson ionnsachadh a’ gabhail a-steach a bhith a’ fighe eòlas agus builean ri chèile gus cothroman a thoirt an toiseach a bhith ag èisteachd, a bhith a’ tuigsinn agus an uair sin a bhith a’ bruidhinn na Gàidhlig. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh a’ togail nan sgilean sin, thèid eòlas a thoirt dhaibh air a bhith a’ leughadh agus a’ sgrìobhadh san Ghàidhlig. Thar ùine, mar a bhios luchd-ionnsachaidh a’ fàs nas fhileanta sa Ghàidhlig, thèid na sgilean air fad a leasachadh còmhla. Bidh seo a’ gabhail a-steach raon de mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg, mar eisimpleir, cluich, pròiseactan, ionnsachadh a-muigh agus a bhith a’ gabhail riochd. Tha am fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim, An Curraicealam airson Sàr-mhathais: ionnsachadh aig an ìre thràth<sup>iv</sup> a’ toirt tuilleadh comhairle mu fhèin-fhiosrachadh na cloinne.

2.5 Tha an aithisg HMI a chaidh a h-ainmeachadh roimhe a’ toirt iomradh air an ath ìre de dh’ionnsachadh ann an GME mar an **ìre bogaidh**. Ann an seo, thathar a’ leantainn air adhart a’ teagasg a’ churraicealaim air fad tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan de ionnsachadh mar phàirt den leantainneachd ann an ionnsachadh 3-18. Bu chòir do sgrùdadh agus tracadh nan tidsear air adhartas agus coileanadh daingneachadh gu bheil stèidh thèarainte aig a’ chloinn a thaobh na Gàidhlig agus gu faod iad a dhol air adhart gu bhith a’ leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla. Is i a’ Bheurla an dàrna cànan a tha air a phlanadh airson a’ churraicealaim a’ cleachdadh amasan agus builean a’ Churraicealam airson Sàr-mhathais. Ann a bhith a’ leantainn air adhart a’ leasachadh na Gàidhlig, tha a’ Bheurla air a teagasg tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha raointean eile den churraicealam. Tha a’ Ghàidhlig a’ leantainn oirre air a leasachadh mar a’ chiad chànan thar nan ceithir cho-theacsan den churraicealam taobh ri taobh ris a’ Bheurla. Faodaidh oileanaich tuilleadh a dhèanamh agus an eòlas agus an sgilean cànan a leudachadh tro chom-pàirteachasan le fileantaich, sgoiltean eile, colaistean, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig. Tha a bhith a’ faighinn cothrom air Gàidhlig a tha

## Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2

fileanta, fìor agus làn ghnàthasan-cainnte a’ cur gu mòr ri eòlas an luchd-ionnsachaidh agus cuideachd a’ toirt dùbhlàn dhaibh. Tha seo a’ toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a’ Ghàidhlig a tha iad air ionnsachadh a chleachdadh ann an co-theacsan nas iom-fhillte agus tha seo a’ leasachadh an sgilean airson am beatha agus an obair, mar a bhith ag obair còmhla ri daoine eile, a’ fuasgladh cheistean agus a’ taisbeanadh fiosrachaidh. Tha am foillseachadh aig Foghlam Alba, “*Stòras Ionnsachadh Proifeiseanta: A’ Measadh adhartas agus coileanadh ann an Litearrachd agus Gàidhlig* agus na cliathan adhartais”<sup>v</sup> a tha na chois a’ toirt comhairle air an dòigh air cumail suas ionnsachadh a tha aig deagh astar agus a tha dùbhlànach. Tha seo a’ gabhail a-steach a’ chlann a tha a’ leasachadh am fileantas sa Ghàidhlig le bhith ga cleachdadh taobh a-muigh na sgoile.

2.6 Mun àm a ruigeas iad P5, bidh clann a tha ag ionnsachadh ann an GME a’ faighinn cothrom air dàrna cànan eile, L3. Bidh e air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Ann a bhith a’ dèanamh seo, bidh a’ chomhairle air ionnsachadh agus teagasg anns an fhrèam-obrach farsaing a thaobh ionnsachadh cànan airson bun-sgoiltean<sup>6</sup> ga chur an cèill. Ach, bu chòir aithneachadh gu bheil clann a tha ag ionnsachadh ann an GME a’ faighinn buannachdan bho bhith dà-chànanach. Mar sin tha sgilean, eòlas agus tuigse aca air mar a tha cànan ag obair a chleachdas iad leis an dàrna cànan eile a tha seo, L3. Dhan taobhsan, bu chòir sgrùdadh agus tracadh mionaideach a dhèanamh air an ionnsachadh agus an adhartas gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh aca dùbhlànach, a’ suidheachadh àrd-shùileachaidhean agus a’ coinneachadh rim feuman. Rè AS1 gu AS3, bu chòir do chothroman a bhith aig daoine òga leantainn orra ag ionnsachadh an dàrna cànan eile a tha seo, L3 cho math ri Beurla agus Gàidhlig, mar phàirt de eòlas leantainneach a tha nas fharsaing na bhith dìreach ag ionnsachadh briathrachais. Faodaidh sgoiltean L3 a libhrigeadh mar phàirt àbhaisteach den churraicealam tro obair eadar-chuspaireil, tro chùrsa goirid no cuspair roghnaichte, mar eisimpleir. Ann a bhith a’ planadh obair a bhios a’ brosnachadh ionnsachadh, bu chòir dhan luchd-obrach a bhith mothachail air a’ chothrom a tha ann a bhith ag aithneachadh coileanadh nan daoine òga tro bhith a’ cleachdadh dhuisean leithid Duaisean Eòlas na h-Alba<sup>7</sup>. Tha prìomh àite aig Pasgan Sgoileir<sup>8</sup> ann a bhith a’ toirt dealbh air fèin-fhiosrachadh nan sgoilear a thaobh GME agus a thaobh a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ gluasad air adhart gu h-èifeachdach.

2.7 Aig ìrean na h-àrd-sgoile, tha ionnsachadh na Gàidhlig (Gàidhlig) a’ leantainn air adhart a bhith mar chòir a thaobh GME suas gu deireadh an fhoghlaim fharsaing choitinn leis an roghainn a bhith a’ dèanamh dhuisean agus theisteanasan sa Ghàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig aig an ìre as sine. Bidh na daoine òga cuideachd a’ dèanamh Beurla. Tha comhairle mu L3 ann am “Modh-obrach 1 + 2 ann an ionnsachadh cànan: Tuilleadh stiùireadh mu leantaileachd ann an ionnsachadh bho P7 gu AS1”<sup>9</sup>. Is e suidheachadh air leth math a tha ann a bu chòir a bhith air a bhrosnachadh is a bhith a’ faighinn taic, an uair a tha e comasach do dh’ùghdarrasan leantaileachd ann an libhrigeadh a thoirt a thaobh L3 bho P5-P7 agus suas gu AS1. Thar nan ìrean, cha bu chòir do sgoiltean a bhith dhan bheachd nach eil e riatanach do chloinn agus do dhaoine òga a tha feumach air taic a thaobh an cuid ionnsachaidh a bhith ag ionnsachadh cànan. Bidh ionnsachadh agus fileantachd dhuine òg a thaobh na Gàidhlig ann an GME a’ gabhail àite ann an cuspairean eile cho math ris gach co-theacsa den churraicealam. Ged a tha dùbhlain ann a thaobh gainnead de luchd-obrach spèisealaichte, feumaidh àrd-sgoiltean leantainn orra ag amas air leantaileachd ionnsachaidh tro bhogadh mar a tha e air a mhineachadh ann am paragraph 2.5. Feumaidh àrd-sgoiltean leantainn orra ag amas air co-chuid iomchaidh de cheithir cho-theacsan a’ churraicealaim a bhith air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gus a dhèanamh comasach do dhaoine òga **fileantas agus litearrachd co-ionann** a bhith aca an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. A thaobh seo, tha an dà **bhuil-ionnsachaidh** a leanas a’ toirt **deagh fhòcas airson leasachadh**.

Is iad sin gu bheil daoine òga:

- a’ cheart cho misneachail an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla; agus
- comasach an dà chuid Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh ann an làn raon de shuidheachaidhean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile.

2.8 Tha ceanglaichean eadar-ghluasad èifeachdach eadar na h-ìrean bunaiteach a thaobh a bhith a’ togail air an ionnsachadh cànan a tha air àite a ghabhail. Tha seo air leth cudromach airson a bhith a’ toirt leantail eachd do chloinn agus do dhaoine òga ann a bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig mar a bhios iad a’ gluasad bho ionnsachadh tràth agus bho ionadan cùram-chloinne chun bhun-sgoil agus bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile. Bu chòir do chloinn agus do dhaoine òga leantainn orra ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Far a bheil leantail eachd a thaobh an dàrna cànan eile L3 comasach aig ìrean na h-àrd-sgoile, tha sin a’ tabhann tuilleadh adhartais ann an ionnsachadh cànan. Bhiodh e math, mar sin, nam biodh an àrd-sgoil comasach cothroman adhartais airson tuilleadh obair a dheanamh air an t-aon dàrna cànan eile, L3.

2.9 Bhiodh e feumail nam faigheadh na h-ùghdarrasan ionadail a-mach an àireamh de luchd-obrach 3-18 a tha comasach GME a libhrigeadh gus cur ri planadh airson an ama ri teachd, ri stòrasan agus ri feumalachdan treànaidh. Bu chòir dhaibh cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-obrach a tha a’ libhrigeadh GME, agus an fheadhainn a tha airson seo a dhèanamh san àm ri teachd, air ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd.

### 3. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) ann am Modh-obrach 1 + 2

3.1 Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, tha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den chòir a tha aig cloinn agus aig daoine òga air cànan ionnsachadh. Sa chùis seo, faodaidh ùghdarrasan foghlaim a thighinn chun cho-dhùnaidh gur e e Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) a’ chiad no an dàrna cànan eile, L2 no L3. Is e Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) a thathar a’ cleachdadh mar bhriathar farsaing a tha a’ gabhail a-steach an t-solair 3-18. Tha cothroman ann a-cheana airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig ris an canar, Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS). Aig ìrean na h-àrd-sgoile, canar Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ris.

3.2 Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus Modh-obrach 1 + 2 a’ cur air adhart ionnsachadh cànan ann am foghlam farsaing coitcheann mar leantainneachd ann am foghlam. Aig an àm a tha an làthair, tha dùbhlain ann a thaobh a bhith a’ planadh GLE gu h-èifeachdach mar nì leantainneach ann an ionnsachadh. Tha an libhrigeadh a rèir ’s a bheil luchd-obrach le teisteanasan iomchaidh ri fhaighinn agus uaireannan a rèir ùidhean a’ cheannard bun-sgoile no àrd-sgoile. Uaireannan, tha an leantainneachd air a thoirt do luchd-ionnsachaidh na bun-sgoile leis an àrd-sgoil a tha ceangailte rithe, agus ged nach eil a’ chùis mar sin an-còmhnaidh, tha e ion-mhiannaichte agus bu chòir a bhith a’ toirt taic dha agus e a bhith air a bhrosnachadh. Ann an suidheachaidhean eile, tha GLE air a theagasg ann an àrd-sgoil ach chan eil sna bun-sgoiltean a tha co-cheangailte rithe. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim taic a thoirt do na sgoiltean aca gu bhith a’ libhrigeadh prògram rianail airson GLE a bhios a’ leantainn air adhart gu duaisean agus teisteanasan. Cha bu chòir a bhith a’ cur bacadh air cloinn bho bhith a’ tòiseachadh air GLE san àrd-sgoil mar an ciad chothrom air cànan ionnsachadh. Ann a bhith a’ dèanamh seo, tha iad a’ toirt taic do phlanadh nàiseanta airson na Gàidhlig. Dh’fhaodadh gu feumte feum a dhèanamh de na modhan-obrach cruthachail a thaobh a bhith a’ dealbh a’ churraicealaim le bhith a’ cleachdadh modh-obrach eadar-chuspaireil air a phlanadh, no tro thachartas taghte no tro thachartas neartachaidh a bhios a’ ruith airson an t-seisein air fad no airson pàirt dheth.

3.3 Tha a’ chomhairle air ionnsachadh agus teagasg ann an stiùireadh Foghlam Alba a thaobh frèam-obrach farsaing mu ionnsachadh cànan sa bhun-sgoil <sup>10</sup> a’ buntainn ri GLE cuideachd. Ach, tha fèin-fhiosrachaidhean agus builean sa phrògram airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) <sup>11</sup> aig na h-ìrean tràtha agus na ciad ìrean nach eil an cois nan cànan eile idir. Bu chòir do fhèin-fhiosrachaidhean agus builean-ionnsachaidh a bhith air an cleachdadh mar iùl a thaobh ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha a’ chomhairle fhèin aig GLE a thaobh sgrùdadh, tracadh agus measadh. Tha am foillseachadh aig Foghlam Alba, “Stòras ionnsachaidh proifeiseanta: A’ measadh adhartas agus coileanadh a thaobh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)” agus am frèam-obrach adhartais a tha na chois <sup>12</sup> a’ toirt comhairle mu bhith a’ cumail suas ionnsachadh a tha aig deagh astar agus dùbhlach.

3.4 Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine cloinne cànan a bharrachd ionnsachadh bho P1 mu 2020. Ann an sgoiltean far a bheil solar tro Bheurla agus tro Mheadhan na Gàidhlig san aon sgoil, bhiodh e na chuideachadh nam biodh cothrom aig a’ chloinn air fad a tha ann an EME a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar L2 no L3. Mur eil e comasach seo a dhèanamh a thaobh solar luchd-obrach, bhiodh e feumail nan ionnsaicheadh a’ chlann mu chànan agus chultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbha-aithne na h-Alba. San deagh chleachdadh as fhèarr a tha ann aig an àm a tha an làthair, tha seo a’ cuideachadh le bhith a’ leasachadh tuigse cho-roinnte, agus beachdail seaghail agus in-ghabhaileach a thaobh na Gàidhlig. Tha seo a’ cuideachadh le bhith a’ coinneachadh ri prionnsabalan bogaidh mar phàirt de GME ann a bhith a’ leasachadh suidheachadh a tha taiceil dhan Ghàidhlig.

3.5 Is e còir dha na h-uile a tha ann an GLE mar phàirt den fhoghlam farsaing coitcheann suas gu deireadh AS3, ann an raon cànan den churraicealam. Chan eil ionnsachadh na Beurla a làn choileanadh an raoin seo den churraicealam. Dh’fhaodadh nach dèan a h-uile neach òg làn chùrsa ann an cànan ann an AS1 gu AS3 mur eil sin iomchaidh a thaobh am feumalachdan. Ach fhathast bu chòir do ionnsachadh cànan a bhith mar phàirt den churraicealam aca. Cha bu chòir do sgoiltean a bhith a’ smaoinneachadh nach leig daoine òga aig a bheil feum air taic len ionnsachadh a leas obair cànan a dhèanamh san sgoil.

3.6 Rè AS1 gu AS3, bu chòir do dhaoine òga cothrom fhaighinn air cànan eile a thuilleadh air L2. Cha leig e a leas a bhith mar an cànan a rinn iad mar L3 sa bhun-sgoil, ged a dh’fhaodadh iad sin a dhèanamh. Dh’fhaodadh e a bhith nach biodh e comasach an cànan ionnsachadh chun aon ìre ri L2 ach feumaidh e a bhith aig ìre nas adhartaich na a bhith dìreach ag ionnsachadh facail. Dh’fhaodadh sgoiltean taghadh seo a libhrigeadh tro obair eadar-chuspaireil, cùrsa goirid no roghainn, mar eisimpleir. Ann a bhith a’ planadh fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh brosnachail airson GLE, bu chòir do luchd-obrach a bhith mothachail air a’ chothrom a bhith ag aithneachadh coileanaidhean dhaoine òga tro bhith a’ cleachdadh dhuaisean leithid

- Duais Cànan airson Beatha agus Obair <sup>13</sup> a tha a’ gabhail a-steach a bhith ag ionnsachadh aon chànan no barrachd air aon agus cuideachd sgilean obrach.
- Duais Eòlas na h-Alba a tha a’ toirt cothrom do dhaoine òga a bhith a’ leasachadh an sgilean, eòlas agus tuigse mu Alba – a thaobh a daoine, cànan (mar eisimpleir Albais agus Gàidhlig), comann sòisealta, cultar, an àrainn nàdarra agus dualchas – agus gus ceanglaichean a dhèanamh thar a’ churraicealaim.

Aig an ìre as sine, feumaidh slighean ionnsachaidh a bhith aig daoine òga a bheir dhaibh an cothrom duaisean agus teisteanasan a dhèanamh airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

3.7 Tha prìomh àite aig Pasgan Sgoileir ann a bhith ag innse mu fhiosrachaidhean agus choileanaidhean luchd-ionnsachaidh ann an GLE agus ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil ag atharrachadh ìrean agus a’ dèanamh adhartais gu h-èifeachdach. Tha

ceanglaichean èifeachdach a thaobh gluasad air adhart eadar na h-earrainnean bun-sgoile agus àrd-sgoile bunaiteach gus a bhith a’ togail air an ionnsachadh cànan a tha air àite a ghabhail aig ìrean na bun-sgoile.

3.8 Bhiodh e feumail nam biodh ùghdarrasan foghlaim a’ dearbhadh an àireamh de thidsearan bun-sgoile a tha air an treànadh a thaobh GLPS/PLL gus fios a thoirt seachad a thaobh planadh, stòrasan agus airson feumalachdan treànaidh. Bu chòir dhaibh cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan a tha airson GLE a libhrigeadh a’ faighinn cuireadh a bhith an sàs san treànadh air fad a tha an lùib a bhith a’ cur an cèill am Modh-obrach 1+2. Bu chòir taic a thoirt do thidsearan aig a bheil uidh agus liut airson cànan a thaobh a bhith a’ leasachadh an raon de chànan sa bheil teisteanas aca no anns a bheil iad air an treànadh.

#### **4. Ag ionnsachadh mu Chànan agus Cultar na Gàidhlig (LAGC) ann am Modh-obrach 1 + 2**

4.1 Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus chultar na h-Alba gu tric a’ brosnachadh chloinne gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Faodaidh seo a bhith air a choileanadh tro mhodh-obrach eadar-chuspaireil air a phlanadh, no tro thachartas taghte no tachartas neartachaidh a bhios a’ ruith airson an t-seisein air fad no airson pàirt dheth. Tha an stòr, “Ag Ionnsachadh mu Alba”<sup>14</sup> a’ toirt cothrom air ionnsachadh mu chànan, chultar, dhualchas, cheòl, eachdraidh, chruinn-eòlas agus litreachas na h-Alba. Tha àite cuideachd aig com-pàirtichean, a’ choimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig ann a bhith a’ toirt taic do chloinn a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus chultar na Gàidhlig. Bu chòir a bhith gam misneachadh a bhith a’ dèanamh theisteanasan agus dhuaisean leithid Duais Eòlas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd ann a thaobh Cànan agus Cultar na Gàidhlig. Tha modhan-obrach dhan t-seòrsa sin a’ cuideachadh ann a bhith a’ toirt leantaileachd ann an ionnsachadh, gu h-àraidh ma tha dùbhlain aig na sgoiltean a thaobh a bhith a’ dèanamh planadh èifeachdach air GLE mar leantaileachd ann an ionnsachadh.

4.2 Tha prìomh àite aig Pasgain Sgoileir P7 agus AS3 ann a bhith ag innse mu fhiosrachaidhean agus choileanaidhean luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Gàidhlig agus ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil e air a’ atharrachadh agus a’ dèanamh adhartas tro na h-ìrean gu h-èifeachdach.

4.3 Bu chòir cuideachd coimhead ris an fhoillseachadh “Mion-fhiosrachadh mun Churraicealam airson Sàr-mhathais, Ag Ionnsachadh mu Alba.”<sup>15</sup>

## 5. Tùsan

(1) Ionnsachadh Cànan ann an Alba Modh-obrach 1 + 2. Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànan: Aithisg agus Molaidhean. An Cèitean 2012.

<http://www.scotland.gov.uk/Resource/0039/00393435.pdf>

(2) Foghlam Gàidhlig: A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean”, Foghlam Alba. Ògmhios 2011.

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/gebse\\_tcm4-712947.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/gebse_tcm4-712947.pdf)

(3) Litearrachd agus Gàidhlig: Eòlas agus Builean, Foghlam Alba.

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningteachingandassessment/curriculumareas/languages/litandgaidhlig/eandos/index.asp>

(4) Fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim. An Curraicealam airson Sàr-mhathais: ionnsachadh aig an ìre thràth, Foghlam Alba.

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/InformationforParentsandCarers\\_tcm4-598459.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/InformationforParentsandCarers_tcm4-598459.pdf)

(5) Litearrachd agus Gàidhlig: A' Measadh adhartas agus coileanadh, goireas ionnsachaidh proifeiseanta. Foghlam Alba.

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/LiteracyandG%C3%A0idhligupdate150114\\_tcm4-746190.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/LiteracyandG%C3%A0idhligupdate150114_tcm4-746190.pdf)

(6) A' gabhail modh-obrach 1+2 a thaobh ionnsachadh cànan, Foghlam Alba.

<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/0to9/a1plus2approachtolanguagelearning/introduction.asp>

(7) Duais Eòlas na h-Alba, SQA.

<http://www.sqa.org.uk/sqa/64329.html>

(8) Pasgain Sgoileir P7, Foghlam Alba.

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningteachingandassessment/assessment/achievement/profiling/p7profiles/developingpractice.asp>

Pasgain Sgoileir AS3, Foghlam Alba.

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningteachingandassessment/assessment/achievement/profiling/s3profiles/developingpractice.asp>

(9) Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2: Tuilleadh stiùiridh mu leantailachd ann an ionnsachadh bho P7 gu AS1

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/LanguageLearninginScotlandContinuityAdvice\\_tcm4-836556.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/LanguageLearninginScotlandContinuityAdvice_tcm4-836556.pdf)

(10) Frèam-obrach farsaing mu ionnsachadh cànan sa bhun-sgoil

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/PrimaryLanguageLearningOverarchingFramework\\_tcm4-833685.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/PrimaryLanguageLearningOverarchingFramework_tcm4-833685.pdf)



(11) Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean  
<http://www.educationscotland.gov.uk/myexperiencesandoutcomes/languages/gaelic/index.asp>

(12) Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Stòras ionnsachaidh proifeiseanta a’ measadh adhartas agus coileanadh, Foghlam Alba.  
[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/GaelicLearnersV3\\_tcm4-744693.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/GaelicLearnersV3_tcm4-744693.pdf)

(13) Duais Cànan airson Beatha agus Obair SQA

<http://www.sqa.org.uk/sqa/57034.html>

(14) Ag Ionnsachadh mu Alba, Foghlam Alba.

<http://www.educationscotland.gov.uk/studyingScotland/>

(15) Mion-fhiosrachadh 9 mun Churraicealam airson Sàr-mhathais: Ag Ionnsachadh mu Alba Foghlam Alba.

[http://www.educationscotland.gov.uk/Images/CfEBriefing9\\_tcm4-754388.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/CfEBriefing9_tcm4-754388.pdf)

## 6. Mìneachadh air na teirmean a tha a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig

### Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

San àrd-sgoil, canar **Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)** ris a’ phrògram airson daoine òga a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.

### Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (GLE)

Faodaidh clann a’ Ghàidhlig ionnsachadh mar chiad no an dàrna cànan eile ann an sgoiltean meadhan Beurla, glè thrì an cois cànan eile. Sa bhun-sgoil, canar ris **Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS)**. Aig ìrean na h-àrd-sgoile, canar **Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)** ris. An uair a bhithear a’ bruidhinn mun t-solar 3-18 bithear a’ cleachdadh **Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE)**.

### Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS)

Am prògram a bhithear a’ cleachdadh ann an sgoiltean meadhan-Beurla gus a’ Ghàidhlig ionnsachadh.

### Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME)

Tha am foghlam air fad air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha e a’ tòiseachadh le ìre **bogadh iomlan** agus an uair sin ìre **bogaidh**. Is e an t-amas a tha aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig clann agus daoine òga a bhith **dà-chànanach** agus a bhith fileanta chun na h-aon ìre sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

### Gàidhlig

Canar **Gàidhlig** ris a’ chùrsa Ghàidhlig a bhios daoine òga a tha fileanta sa Ghàidhlig a’ leantainn mar phàirt de GME sna h-àrd-sgoiltean.

### Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a’ sireadh plan-gnìomh sa bheil ro-innleachdan a thaobh a bhith a’ meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

### Prionnsapalan bogaidh agus bogadh iomlan

Ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) bithear ag ionnsachadh na Gàidhlig tro mhodh **bogaidh**. Bidh clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag ionnsachadh a’ chànan tro bhith air am bogadh sa chànan. Bho thràth ionnsachadh agus aonadan cùram-chloinne suas gu deireadh P3 no P4, tha a’ chlann a’ faighinn **bogadh iomlan** sa chànan. Bho sgrùdadh agus tracadh nan tidsear air adhartas agus coileanadh na cloinne a’ daingneachadh an dearbh ama. Bidh **bogadh**

**Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an “Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2**  
a’ leantainn air adhart an dèidh P3 /P4, agus bidh an curraicealam air fad air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Mu dheireadh P7, bidh coileanadh na cloinne sa Bheurla an ìre mhath mar a bhios coileanadh na cloinne a bhios a’ faighinn am foghlam tro mheadhan na Beurla. Bu chòir do bhogadh leantainn air adhart dhan àrd-sgoil le sgoiltean a’ tabhann chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

## 7. Làraich-lìn fheumail

### Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

A’ bhuidheann a tha a’ co-òrdanachadh foillseachadh agus sgaoileadh ghoireasan do dh’fhoghlam Gàidhlig air feadh Alba

<http://www.storlann.co.uk/ceumannan/index.html>

### Am Faclair Beag

<http://www.faclair.com/>

### BBC Alba – Duilleagan foghlaim

[www.bbc.co.uk/foghlam](http://www.bbc.co.uk/foghlam)

### BBC Foghlam – grunnan ghoireasan ‘Learn Gaelic’ an-asgaidh

<http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/learngaelic/index.shtml>

### Beag air Bheag

Fàilte gu Beag air Bheag, blas dhan Ghàidhlig airson fìor luchd-thòiseachaidh

[http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag\\_air\\_bheag/](http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag_air_bheag/)

### Beag air Bheag – cùrsa airson luchd-tòiseachaidh

[http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag\\_air\\_bheag/](http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag_air_bheag/)

### Beag air Bheag gràmair

[http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag\\_air\\_bheag/grammar/](http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/beag_air_bheag/grammar/)

E-stòras - Comhairle nan Eilean Siar

Goireasan airson Foghlam Gàidhlig 3-18

[www.e-storas.com](http://www.e-storas.com)

### Fèisean nan Gàidheal

Fèisean Gàidhlig

[www.feisean.org](http://www.feisean.org)

### Guthan Beaga – Abairtean do phàrantan

<http://www.guthanbeaga.co.uk>

Ionnsaich cànan ann an dòigh spòrsail

**Languagenut** – goireas cànan a chaidh a dhealbh le tidsearan airson daoine a bhrosnachadh gus cànan ionnsachadh

<http://www.languagenut.com>

**Faclair Learn Gaelic**

<http://learngaelic.net/dictionary/>

**One-minute Gaelic – Mionaid de Ghàidhlig**

<http://radiolingua.com/category/shows/oml-gaelic/>

**Sabhal Mòr Ostaig Colaiste Ghàidhlig na h-Alba**

[www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

**Sabhal Mòr Ostaig - Liosta Fhaclair**

<http://www2.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/faclair/>

**Sabhal Mòr Ostaig – Cùrsaichean aig astar:**

[http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Cursa Inntigidh/index\\_en.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Cursa Inntigidh/index_en.html)

[http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Cursa-Adhartais/index\\_en.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Cursa-Adhartais/index_en.html)

[http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Sgilean Sgrìobhaidh/index\\_en.html](http://www.smo.uhi.ac.uk/Foghlam/Tagh-Cursa/Air-Astar/Sgilean Sgrìobhaidh/index_en.html)

<http://www.streap.smo.uhi.ac.uk/>

**Sabhal Mòr Ostaig – Cùrsaichean goirid:**

<http://www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/cursaichean-goirid/>

**Scholar**

Stuthan agus gnìomhan ionnsachaidh airson tidsearan agus oileanaich air feadh Alba

[www.scholar.hw.ac.uk](http://www.scholar.hw.ac.uk)

**SCILT Aonad na h-Alba airson Cànan agus Treànadh a tha stèidhichte aig Oilthigh Srath Chluaidh**

<http://www.scilt.org.uk/>

**Stòr-Data Briathrachais Gàidhlig**

<http://www2.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/faclair/sbg/lorg.php>

---

